

Geàrr-chunntas atharrachaidhean Cùrsa Nàiseanta: Eachdraidh



Nàiseanta 4, Nàiseanta 5, Àrd-Ìre agus Àrd-Ìre Adhartach: seisean 2021–22

Nàiseanta 4

Aonad luach leasaichte

Tha an riatanas airson an aonad luach leasaichte a chrìochnachadh air a thoirt air falbh airson seisean 2021–22. Gus an duais cùrsa iomlan airson Nàiseanta 4 a choileanadh san t-seisean seo, feumaidh tagraichean pas fhaighinn sa h-uile h-aonad eile sa chùrsa Nàiseanta 4. Feumaidh tu toradh ‘pas’ a chur a-steach airson an aonad luach leasaichte gus dèanamh cinnteach gu faigh na tagraichean agad teisteanas airson duais a’ chùrsa.

Cha leig thu leas fianais a chruinneachadh airson an aonad luach leasaichte san t-seisean seo; ach, tha e cudromach gun toir thu cothroman do thagraichean na sgìlean, an t-eòlas agus an tuigse a tha air am mìneachadh ann an sònrachadh aonad luach leasaichte Nàiseanta 4 a leasachadh agus a thaisbeanadh, far a bheil sin comasach. Bheir seo taic do na tagraichean agad agus iad a’ dol air adhart gu tuilleadh ionnsachaidh agus measaidh aig ìre 5 SCQF.

Nàiseanta 5

Co-phàirt	Comharra	Ùine
Pàipear nan ceistean	80	2 uair agus 20 mionaid

Pàipear nan ceistean

Thèid ceist roghainneil a thoirt a-steach ann an dhà de thrì roinnean de phàipear nan ceistean.

Airson ceistean stèidhichte air a’ cheathramh cùis ann an Roinn 2: Breatainn, agus Roinn 3: Eòrpach agus an saoghal, bidh ceist roghainneil stèidhichte air cùis na bu tràithe gus an t-susbaint a ghabhas measadh a lùghdachadh, ma bhios feum air. Mar sin bidh ceistean ann an roinnean 2 agus 3 a’ samplachadh chùisean 1–4 no cùisean 1–3. Bheir seo cothrom do na tagraichean na ceistean riatanach uile a chrìochnachadh ann am pàipear nan ceistean.

Faodaidh tu an cùrsa a libhrigeadh mar as àbhaist.

Ann an *Stiùireadh air tional prìomh fhianais airson tuairmsean a dhèanamh ann an seisean 2020–21* chomharraich sinn na trì roinnean de ghòireas measaidh Teisteanasan Nàiseanta SQA 2021 airson Eachdraidh Nàiseanta 5. Thoiribh fa-near ann am pàipear nan ceistean 2022, bidh na roinnean seo (an roinn 25-comharra, an roinn 26-comharra agus an roinn 29-comharra) a’ cuairteachadh air thuairmeas.

Buinidh an roinn ‘Fiosrachadh agus stiùireadh’ anns an [ùrachadh cuspair Eachdraidh 2019](#) airson pàipear cheistean Eachdraidh Nàiseanta 5 ri seisean 2021–22.

Airson a' cho-phàirt pàipear nan ceistean tha a' chomhairle seo mar a leanas:

- ◆ Bu chòir do fhreagairtean tagraichean do cheistean ann an Roinn 1 – Co-theacsan Albannach a bhith a' toirt a-steach eòlas eachdraidheil sònraichte Albannach (mar a chithear ann an sònrachadh a' chùrsa). Faodaidh eòlas eachdraidheil Albannach dligheach a bhith a' toirt a-steach eisimpleirean sònraichte ionadail no nàiseanta agus/no fianais a tha ceangailte gu soilleir ri co-theacs na h-Alba.
- ◆ Airson na ceiste co-theacsachaidh a bhios a' tòiseachadh 'Dè cho slàn 's a tha Stòr X ag innse nan adhbharan airson...', bu chòir do ionadan tagraichean ullachadh airson a bhith a' mìneachadh adhbharan bhon stòr, agus adhbharan is/no firinnean a thoirt seachad bho chuimhne. Tha a' cheist seo a' nochdadh ann an aon de na trì co-theacsan eachdraidheil.
- ◆ Airson na ceiste co-theacsachaidh a bhios a' tòiseachadh 'Dè cho slàn 's a tha Stòr X a' toirt tuairisgeul air...' bu chòir do tagraichean firinnean bhon stòr a mhìneachadh agus firinnean a thoirt seachad bho chuimhne. Tha a' cheist seo a' nochdadh ann an dhà de na trì co-theacsan eachdraidheil.

Obair Shònraichte

Chaidh a' cho-phàirt obair-cùrsa a thoirt a-mach airson seisean 2021–22.

Àrd-Ìre

Co-phàirt	Comharra	Ùine
Pàipear nan ceistean 1 - Eachdraidh Bhreatannach, Eorpach agus An t-Saoghail	44	1 uair agus 30 mionaid
Pàipear nan ceistean 2 – eachdraidh albannach	36	1 uair agus 30 mionaid

Pàipear nan ceistean 1: Eachdraidh Bhreatannach, Eorpach agus An t-Saoghail

Thèid ceist roghainneil a thoirt a-steach ann an roinn 1 agus roinn 2. Thèid ceithir de shia cùisean a shamplachadh an àite trì de shia cùisean. Taghaidh na tagraichean aon aiste bho roghainn de cheithir anns gach roinn.

Airson seisean 2021–22 thathar a' comhairleachadh gum bi tagraichean air an ullachadh airson trì cùisean aig a' char as lugha a chaidh a sgrùdadh ann an roinn Bhreatainn agus roinn na Roinn Eòrpa is an t-saoghail.

Faodaidh tu an cùrsa a libhrigeadh mar as àbhaist.

Pàipear nan ceistean 2: Eachdraidh Albannach

Cha deach atharrachaidhean sam bith a dhèanamh do phàipear nan ceistean 2: Eachdraidh Albannach

Bidh a' chomhairle ann an [Aithisg Cùrsa Eachdraidh Àrd-ìre 2019](#) (duilleag 6) a thaobh sgaoileadh nan comharran airson na ceist dà-stòir ann am pàipear cheistean eachdraidh albannach a-nis a' buntainn ri seisean 2021–22.

Bho sheisean 2021–22, thèid suas ri 6 comharran a thoirt seachad far am bi tagraichean a' stèidheachadh sealladh farsaing gach stòir **agus** a' toirt seachad mìneachadh air na puingeann stòir ceart anns gach stòr (suas ri 1 chomharra airson a bhith a' stèidheachadh an t-seallaidh fharsaing anns gach stòr agus suas gu 2 chomharra airson dà phuing stòir a mhìneachadh bho gach stòr). Feumaidh oileanaich an sealladh farsaing a stèidheachadh anns gach stòr gus faighinn na 6 comharran stòir. Tha suas ri 6 comharran ann airson eòlas bho chuimhne gus a' phuing stòir a leasachadh agus/no susbaint an stòir a chur ann an co-theacsa.

Obair Shònraichte

Chaidh a' cho-phàirt obair-cùrsa a thoirt a-mach airson seisean 2021–22.

Àrd-ìre Adhartach

Co-phàirt	Comharra	Ùine
Pàipear nan ceistean	90	3 uairean a thìde
Pròiseact-tràchdas	50	faic an roinn 'Measadh cùrsa' ann an Sònrachadh Cùrsa Eachdraidh Àrd-ìre Adhartach

Pàipear nan ceistean

Bidh dà phrìomh chuspair anns gach aon de na 10 raointean sgrùdaidh **nach tèid** a mheasadh gu dìreach ann am pàipear nan ceistean 2022. **Cha tèid** na raointean a leanas ann an clò trom a mheasadh:

- ◆ Raon sgrùdaidh 1 – Breatainn a Tuath bho Linn an Iarainn gu 1034
Prìomh chùisean
 - **Creideamhan ag atharrachadh**
 - **Rìoghachd na h-Alba**
- ◆ Raon sgrùdaidh 2 – Alba, neo-eisimeileachd agus rìoghrachas, 1249–1334
Prìomh chùisean
 - **Coileanadh Uilleim Uallais, 1297–1305**
 - **Co-arbas agus sìth, 1324–34**
- ◆ Raon sgrùdaidh 3 – Alba: bho Chùmhnant an Aonaidh chun an t-Soillseachaidh, 1707–1815
Prìomh chùisean
 - **Eaglais na h-Alba**
 - **An Soillseachadh**
- ◆ Raon sgrùdaidh 4 – na Stàitean Aonaichte 'Taigh air a sgaradh', 1850–65
Prìomh chùisean
 - **A' chòmhstri armailteach**
 - **Taghadh 1864**

- ◆ Raon sgrùdaidh 5 – Iapan: nàisean air a h-ath-nuadhachadh, 1840–1920
Prìomh chùisean
 - **Comann-sòisealta agus cultar ann am meadhan an 19mh linn**
 - **Eaconamaidh agus riaghaltas ann am meadhan an 19mh linn**

- ◆ Raon sgrùdaidh 6 – A' Ghearmailt: bho dheamocrasaidh gu deachdaireachd, 1918–39
Prìomh chùisean
 - **Cùmhnant Versailles: a chudromachd phoilitigeach agus eaconamach**
 - **Poileasaidhean eaconamach is cèin, 1933–39**

- ◆ Raon sgrùdaidh 7 – Afraga a Deas: cinneadh agus cumhachd, 1902–84
Prìomh chùisean
 - **Afraga a Deas agus an Dàrna Cogadh**
 - **Fàs Nàiseantachd Afraganach, 1948–60**

- ◆ Raon sgrùdaidh 8 – An Ruis: bho Tsarism gu Stalinism, 1914–45
Prìomh chùisean
 - **An co-theacsa eadar-nàiseanta, 1917–24**
 - **Stàit nan Sòbhieteach: bho Chomannachd Cogaidh gu Poileasaidh Eaconamach Ùr, 1918–24**

- ◆ Raon sgrùdaidh 9 – Cogadh Catharra na Spàinne: adhbharan, còmhstri agus builean, 1923–45
Prìomh chùisean
 - **Tuiteam na monarcachd**
 - **Nàdar na Poblachd ùire**

- ◆ Raon sgrùdaidh 10 – Breatainn: ann an cogadh is sìth, 1938–51
Prìomh chùisean
 - **An cogadh agus eaconamaidh Bhreatainn**
 - **Ath-bheothachadh Tòraidheach agus call nan Làbarach**

Bidh duilleagan 5–30 de Shònrachadh Cùrsa Eachdraidh Àrd-ìre Adhartaich a' toirt seachad barrachd fiosrachaidh mu na prìomh chùisean a thèid a mheasadh.

Ann am Pàirt A: Cùisean eachdraidheil, tha na ceistean air an tarraing bhon t-susbaint a tha air a liostadh sa chlàr anns an roinn 'Sgilean, eòlas agus tuigse airson measadh a' chùrsa' de Shònrachadh Cùrsa Eachdraidh Àrd-ìre Adhartaich. Ann am Pàirt B: Stòran eachdraidheil, tha na ceistean air an tarraing bhon t-susbaint a chaidh a thoirt seachad ann an clò eadailteach sa chlàr seo.

Thathas cuideachd a' cur an cuimhne ionadan gum faodar dà cheist fhaighneachd bho aon phrìomh chùis. Faodaidh na ceistean a bhith stèidhichte air 7 prìomh chùisean no 8 prìomh chùisean. Tha tuilleadh comhairle agus stiùireadh air a thoirt seachad anns an roinn 'Ag

ullachadh airson measadh cùrsa' de notaichean taice a' chùrsa ann an Sònrachadh Cùrsa Eachdraidh Àrd-Ìre Adhartaich.

Faodaidh tu an cùrsa a libhrigeadh mar as àbhaist ach faodaidh tu co-dhùnadh a dhèanamh a thaobh ùine agus doimhneachd a thaobh nam prìomh chùisean nach tèid a mheasadh ann am pàipear nan ceistean 2022. Faodaidh tagraichean as urrainn sgrùdadh a dhèanamh air na 10 prìomh chùisean a bhith air an deagh ullachadh airson nan raointean a thèid a mheasadh.

Pròiseact-tràchdas

Cha deach atharrachaidhean sam bith a dhèanamh ris a' phròiseact-tràchdas airson seisean 2021-22.

Ma tha ceist sam bith agad mu na h-atharrachaidhean seo, cuir post-d gu qualification.development@sqa.org.uk.